



Health
Protection
Scotland



Stiùireadh airson a bhith a làimhseachadh carbapenemase-producing Enterobacteriaceae ann an suidheachaidhean neo-èiginneach agus coimhearsnachd

Earr-ràdh 3: Bileag Comhairle

Comhairle airson daoine a tha a faighinn cùram san dachaigh no anns a choimhearsnachd air a bheil carbapenemase-producing Enterobacteriaceae (CPE) mar ghalar-ghabhaltach, no a tha air an colonachadh leis

Dè th' ann an 'Carbapenemase-Producing Enterobacteriaceae' (CPE)?

Tha bacteria air a bheil Enterobacteriaceae anns an stamag aig gach neach fallain, àbhaisteach. Nuair a bhios iad anns an stamag, cha dèan iad cron sam bith agus bidh iad gar cuideachadh gus am biadh againn a chnàmhadh. 'S e colonachadh a chanar ri seo. Ach ma thèid am bacteria seo dhan àite cheàrr, mar eisimpleir, dhan aotraman no sruth na fala, is urrainn do seo galar-ghabhaltach adhbharachadh.

Tha Carbapenemase-Producing Enterobacteriaceae (CPE) nan cineal den Enterobacteriaceae seo. Tha iad a-nis a' cur bacadh air buidheann chumhachdach de dh'antibotaigean air a bheil carbapenems bho bhith ag obair. 'S e buidheann chudromach de dh'antibotaigean a th' ann an Carbapenems a bhios dotairean gu tric a' cleachdad gus cur an aghaidh galaran-ghabhaltach far a bheil antibotaigean eile air fàilligeadh. Tha e cudromach gun cuir sinn stad air sgapadh CPE anns na h-ospadalan againn. Nì seo cinnteach gum bi na h-antibotaigean seo rim faighinn fhathast airson cur an aghaidh galaran-ghabhaltach san àm ri teachd.

Carson a tha e cudromach gu bheil bacadh air carbapenem bho bhith ag obair?

'S ann ann an ospadalan a-mhàin a ghabhas antibotaigean carbapenem a thoirt do dhaone agus feumar an cur gu direach a-steach dhan t-sruth-fala. Gu ruige seo, tha doctaирean air an cleachdad gus buaidh a thoirt air galaran-ghabhaltach 'doirbhe' far nach eil antibotaigean eile air obrachadh. Mar sin, ann an ospadal no suidheachadh cùraim eile far a bheil euslaintich sho-leònta ann, bidh e ag adhbharachadh dhuilgheadasan ma sgapas galaran-ghabhaltach a tha a' cur bacadh air antibotaigean bho bhith ag obair.

Am feumar giùlan CPE a leigheasadh?

Chan fheumar mar as àbhaist. Chan fheumar leigheas a dhèanamh air daoine aig a bheil CPE nan corp oir bidh am bacteria seo beò san stamag gun a bhith ag adhbharachadh duilgheadas sam bith. Ach, ma tha galar-ghabhaltach ort a chaidh adhbharachadh le CPE, bidh feum agad air antibotaigean mar leigheas air. Ma tha barrachd fiosrachaидh a dhìth ort, iarr air do dhotair no neach-obrach cùraim an suidheachadh agad a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd.

Ciamar a thèid casg a chur air sgapadh CPE?

'S e an rud as cudromach gun dèan thu cinnteach gu bheil do làmhan glan, a' glanadh do dhà làimh le siabann is uisge, gu sònraichte ag dèidh dhut a dhol dhan taigh-bheag. Bu chòir dhut dèanamh cinnteach gu bheil do làmhan glan mus bean thu ri uidheam meadaigeach sam bith no ri tiùb sam bith (m.e tiùb-mùin no loidhne no tiùb meadaigeach sam bith eile) ma tha gin agad, gu sònraichte anns an àite far a bheil e a' dol a-steach dhan bhodhaig no craiceann.

A chionn 's gu bheil thu a' faighinn cùram san dachaigh agad, cha bu chòir dhut bacadh sam bith a chur air an dòigh-beatha agad; ach is urrainn dhut dèanamh cinnteach nach tèid CPE a sgapadh do dhaoine eile le ma ghabhas tu ceum ciallach no dhà. Cho math ri deagh shlàinteachas làimhe, bu chòir dhut taighean-beaga is seòmràicheadh-ionnlaid a chumail glan agus a bhith a' cleachdad shearbhadairean air leth gus nach tèid a sgapadh. Bu chòir aodach-leapa, aodach agus nigheadaireachd eile a ghlanadh mar as àbhaist.

Ma dh'fheumas tu a dhol dhan ospadal no àrainneachd cùram-slàinte eile, tha e cudromach gun cuir thu fios dhan luchd-obrach a tha a' coimhead às do dheth gu bheil galar-ghabhaltach le CPE

air a bhith ort, no gu bheil, no gun robh thu air do cholonachadh le CPE. Nì seo cinnteach gum faigh thu an càram a tha a dhìth ort.

Bu chòir dhut a bhith an dùil gun nigh neach-cùram sam bith a tha a' tadhail ort an làmhan nuair a thig iad an toiseach, mus toir iad càram dhut, às dèidh dhaibh càram a thoirt dhut, agus nuair a tha iad air impis falbh. Bidh luchd-obrach càram a' caitheamh apranan agus miotagan aon-chleachdad gus dèanamh cinnteach nach tèid CPE a sgaoileadh le euslaintich sho-leònta eile air am bi iad a' tadhail.

Dè mu dheidhinn mo theaghlaich is luchd-tadhail?

Chan fheum thu innse do luchd-tadhail gur e giùlanair CPE a th' annad no gu bheil galar-ghabhaltach ort, cho fad 's a tha a thathar a' gabhail cheuman gu leòr a thaobh slàinteachais. Ma tha galar-ghabhaltach oirt, tha e cudromach gun obrach thu leis an neach-obraich slàinte agad gus dèanamh cinnteach gun tèid iongar sam bith bho lot, mar eisimpleir, a ghlacadh ann an ioc-chòmhach gus nach truail e aodach no àirneis bhog. Chan fheum neach-cùram san teaghlaich miotagan no aparan a chur orra. Ma tha caraid no cuideigin a tha càirdeach dhut a' coimhead às do dhèidh anns an taigh agad, tha e cudromach gun nigh iad an làmhan mus toir iad càram dhut agus às dèidh làimh cuideachd.

Càite am faigh mi barrachd fiosrachaiddh?

Ma tha ceist sam bith agad, bruidhinn ris an neach-obrach slàinte agad no cuir fios dhan GP agad airson comhairle. No, faodar fiosrachadh a bharrachd fhaighinn anns a' bhiveig aig HPS mu Sgrìneadh Euslaintich airson Carbapenemase Producing Enterobacteriaceae (CPE) - Bileagan airson Luchd-obrach Slàinte is Luchd-cùram

<http://www.hps.scot.nhs.uk/guidelines/detail.aspx?id=1661>

Ma tha thu ag iarraidh na bileige seo ann an cànan eile, cuir fios gu HPS aig:

NSS.HPSInfectionControl@nhs.net